

**TACHARTASAN GÀIDHLIG AN LUNNAINN
ANNS NA SEACHDAINEAN A THA A' TIGHINN
(Am Faoilteach 2009)**

**GAELIC EVENTS IN LONDON IN THE COMING WEEKS
(January 2009)**

BLIADHNA MHAITH ÙR!

FÀILT' AIR AIS!

(no "ceann goirt is aithreachas"!)

Uill, a chàirdean, nach gasd' am facal e, am facal Gàidhlig air *hangover* – **ceann goirt is aithreachas!**

An deaghaidh a h-uile càil, an deaghaidh duain na Nollaig' agus *mince pies* ... Òraid na Ban-rìghinn air an *telly* ... deoch no dhà ('son a' rathaid, tha 'fhios) ... agus uiread maith de rùintean maithe do'n Bhliadhna ùir (a gheibh am bristeadh air an dàrna latha), dé eile 'bhios air 'fhàgail ann ach ... **ceann goirt is aithreachas!**

Obh-obh ... co-dhiùbh, mun téid sinn uile fodha 'san leann-dubh a's duibhe, thoireamaid sùil air a' mhios a tha romhainn ...

Uill, mar a bhiodh dùil agaibh, tha **Suipèirean Burns** ann am pailteas am-bliadhna, leis a' **250mh cheann-bhliadhna** o chionn breith a' Bhàird fhéin. Ged a b' ann 'sa Bheurla Ghallda a sgrìobh Burns a chuid bàrdachd, chan fhaodar dìochuimhneachadh gu'n robh e gu math eòlach air "dòighean nan Gàidheal" - agus chan ann dìreach troimh "*Highland Mary*"! ☺

Ach an robh 'fhios agaibh gu'n **do chuireadh a' Ghàidhlig air a' cheud de dhàin Burns?** 'S eadh, b' e an **t-Urr. Ruairidh MacDhòmhnaill (1920-1998)** á **Uibhist a Tuath** a rinn an obair seo, agus 's e sàr-obair a th'ann gu

Well, friends, isn't it great, the Gaelic word for *hangover* – **ceann goirt is aithreachas** (*sore head and repentance*)!

After all, after Christmas carols and mince pies ... the Queen's Speech on the telly ... a couple of drinks (for the road, of course) ... and a goodly number of good intentions for the New Year (that get broken on the second day), what else is left but ... **ceann goirt is aithreachas!**

Oh dear ... anyway, before we all sink into the blackest of black moods, let's have a look at the month ahead ...

Well, as you might expect, there's an abundance of **Burns Suppers** this year, with the **250th anniversary** of the birth of the Bard himself. Although Burns wrote his poetry in Lowland Scots, let's not forget that he was well acquainted with the "ways of the Gael" – and not just through "*Highland Mary*"! ☺

But did you know that **one hundred of Burns' poems have been translated into Gaelic?** Yep, the **Rev. Roderick MacDonald (1920-1998)** of **North Uist** undertook this task, and it's a fine piece of work indeed! Unfortunately, it seems to

dearbh! Gu mì-fhortanach, tha e a-rèir choltais gu math doirbh gréim 'fhaotainn air lethbreac dheth: nise, ma's urrainnear lethbhreac de dh'oibrichean Bhurns 'fhaotainn 'san Fhraingis, 'sa Ghearmailtis, 'san Ruisis m.s.a.a. gun duilgheadas, **carson nach urrainnear 'fhaotainn 'sa Ghàidhlig cuideachd???** ☹ 'S e sin a' cheist! Nach eil foillsichear sam bith ann a shaoileadh gu'm biodh e iomchaidh a chur an clò às ùr anns a' bhliadna shònraichte 'tha seo? 'S e sin an (dàrna) cheist!

Co-dhiùbh, **òlamaid deoch-slàint' a' Bhàird!** Seo agaibh ach roghainn bheag de na suipeirean a bhios a' tachairt ann an Lunnainn air a' mhios seo - ach faodaidh sibh 'bhith cinnteach gu'm bi **blas na Gàidhlig** air gach té!

Gus an ath thurus ...

be very difficult to get hold of a copy: now, if there's no difficulty in getting a copy of Burns' works in French, German, Russian etc., **why not in Gaelic as well???** ☹ That's the question! Is there no publisher out there who would see fit to reprint it in this special year? That's the (second) question!

Anyway, **let's raise a glass to the Bard!** Here's just a brief selection of the suppers that are taking place in London this month – but you can be sure that each one will have a **Gaelic flavour!**

'Til next time ...

TÌORaidh AN-DRÀSD'!

BEANNACHDAN NA BLIADHN' ÙIRE LEIBH UILE!

EÒGHANN P.

PS/ Ma bhios sibh a' cur air chois thachartasan sam bith a bhios comh-cheangailte ri Gàidhlig no ris a' chultar Ghàidhealach an Lunnainn no an Ceann Ear-dheas Shasainn 'san àm ri teachd, cuiribh fios chugam mu'n deidhinn!

PS/ If you are organising any future events relating to Gaelic or to Highland culture in London or the South-East of England, let me know about them!

Sgrìobhaibh chugam air / Write to me on: eoghannp@hotmail.com



CHUN NA CUAIRT-LITREACH / TO THE NEWSLETTER

TAISBEANADH ÙR DE DHEALBHAI REACHD Á ALBAINN

Di-Màirt, 13mh Faoilteach 2009,
aig 6:30f

Aig **Comunn Rìoghail a' Chomh-
Fhlaitheis (RCS)**, 25
Northumberland Avenue, WC2 (*Fon-
talamh: Charing Cross no
Embankment*).

Sealladh prìobhaideach airson
fosgladh an taisbeanadh ùir seo a
chomarrachadh: oibrichean aig
**còignear ealdhantairean Alban-
nach**.

Taisbeanadh air a chur ri chèile le
Resipole Studios, Ath Tharracail,
Earra-Ghàidheal; le spònsaireachd
bho **Scotscare**, a' charthannachd
Albannach an Lunnainn.

Na'm bu mhaith leibh an tachartas
seo 'fhrithealadh, cuiribh fios roimh
làimh gu **Christine Cunnold** aig
RCS (*fòn: 020 7766 9209; post-d:
christine.cunnold@rcsint.org*).

Mur urrainn duibh tighinn do'n t-
sealladh prìobhaideach, faodaidh
sibh ged-tà tadhal a chur air an
taisbeanadh le suidheachadh roimh
làimh (làithean-obrach a-mhàin, **gu
6mh Gearran 2009**).

CÉILIDH IS SUIPEIR BHURNS AIG RSCDS

Di-Sathairne, 17mh Faoilteach
2009, 6:45f gu 10.45f

Aig **Comunn Rìoghail an Iol-
Dannsaidh Albannaich (RSCDS)**,
Meur Lunnainn, talla Eaglais Choluim

NEW EXHIBITION OF SCOTTISH PAINTING

Tuesday, 13th January 2009, at
6:30pm

At the **Royal Commonwealth
Society (RCS)**, 25 Northumberland
Avenue, WC2 (*Underground: Charing
Cross or Embankment*).

A private viewing to celebrate the
opening of this new exhibition: works
by **five Scottish artists**.

Exhibition compiled by **Resipole
Studios**, Acharacle, Argyll;
sponsored by **Scotscare**, the
Scottish charity in London.

If you would like to attend this
event, contact **Christine Cunnold** at
the **RCS** in advance (*tel.: 020 7766
9209; e-mail: christine.cunnold@rcsint.org*).

If you are unable to attend the
private viewing, you can however
visit the exhibition by prior
appointment (weekdays only, **until
6th February 2009**).

CÉILIDH AND BURNS SUPPER AT THE RSCDS

Saturday, 17th January 2009,
6:45pm 'til 10.45pm

At the **Royal Scottish Country
Dancing Society (RSCDS)**, London
Branch, hall of St. Columba's Church,

Chille, Sràid Pont, Knightsbridge, SW1 (*Fon-talamh: Knightsbridge no Sloane Square*).

Dannsadh ri ceòl **Kafoozalum** (*feuch ri sin a shèimheachadh! – an Deasaiche*).

Suipeir thraidiseanta (le pio-baireachd, Òraid ris an Taigeis “san dòigh neo-bhàsmhoir” agus boinneig de’n uisge-bheatha!).

Tiocaidean: £12 / £9.50 (buill RSCDS).

*NB/ Chan fhuilear na tiocaidean fhaotainn roimh làimh aig **Jeff Robertson** (fòn: 01903 245 718 / post-d: jtr@ctg.co.uk).*

Pont Street, Knightsbridge, SW1 (*Underground: Knightsbridge or Sloane Square*).

Dancing to the music of **Kafoozalum** (*try leniting that! – Editor*).

Traditional supper (with piping, Address to the Haggis “in the immortal way” and a wee drap o’ the whisky!).

Tickets: £12 / £9.50 (RSCDS members).

*NB/ Tickets to be obtained in advance from **Jeff Robertson** (tel.: 01903 245 718 / e-mail: jtr@ctg.co.uk).*

Làrach-lìn / Website : www.rscdslondon.org.uk

CÉILIDH-DANNSA “BLASAD BHURNS” AIG HISL

Di-Sathairne, 24mh Faoilteach 2009, 7:30f gu 11.00f

Aig Comunn na Gàidhealtachd is nan Eilean an Lunnainn (HISL), Taigh Cecil Sharpe, Camden/Regent’s Park NW1 (*Fon-talamh: Camden Town*).

Òrain Bhurns bho **Shiobhán Miller** (a bhuannaich Duais Ceòl-dùthcha Radio 2 airson 2008).

Dannsadh ri ceòl **Mhalcolm Jones (Runrig)**, **Chaluim Iain Mhic-Chorcadail** is **Phòil Mhic’Ili’-Eathainn**.

Òraid ris an Taigeis le **Raibeart Willox**.

Suipeir thraidiseanta, pìobaireachd, bàr fo chhead is crannchur-gill.

CÉILIDH-DANCE “A TASTE OF BURNS” AT HISL

Saturday, 24th January 2009, 7:30pm ‘til 11.00pm

At the **Highlands and Islands Society of London (HISL)**, Cecil Sharpe House, Camden/Regent’s Park, NW1 (*Underground: Camden Town*).

Burns songs from **Siobhan Miller** (winner of the Radio 2 Folk Award 2008).

Dancing to the music of **Malcolm Jones (Runrig)**, **Calum Iain MacCorquodale** and **Paul MacLean**.

Address to the Haggis by **Robert Willox**.

Traditional supper, piping, licensed bar and raffle.

Tiocaidean: £25 / £20 (buill HISL is 'lùghdachaidhean').

NB/ Chan fhuilear na tiocaidean 'fhaotainn roimh làimh aig a' Mhn. ph. May NicDhòmhnaill (fòn: 020 8755 4473).

Tickets: £25 / £20 (HISL members and 'concessions').

NB/ Tickets to be obtained in advance from Mrs. May MacDonald (tel.: 020 8755 4473).

Làrach-lìn / Website: www.hisl.org

Post-d / E-mail: info@hisl.org

OIDHCHE BHURNS AIG RCS

**Diar-Daoine, 22ra Faoilteach
2009 aig 6:30f**

Aig **Comunn Rìoghail a' Chomh-Fhlaitheis (RCS)**, 25 Northumberland Avenue, WC2 (*Fon-talamh: Charing Cross no Embankment*).

Fàilteachadh ann an ealdhain-lann RCS, le taisbeanadh ùr de dhealbhaireachd Albannaich (*faicibh gu h-àrd*).

Dinneir thri-chùrsach (a' gabhail a-steach taigeis), feuchainn uisge-beatha (le spònsaireachd bho **Dewar's**) agus bàr fo chead.

Òraid air a' Chuimhne Neo-Bhàsmhoir leis an **Fhìor-Onarach Mhalcolm Bruce, BP** (*Ball Pàrlamaid airson Ghòrdain, Cathraiche Chomataidh an Leasachaidh Eadar-nàiseanta agus Ceann-suidhe nan Libearalach Dhèamocratach an Albainn*).

Òrain Bhurns is Ghàidhealach bho **Alexandra Jones**.

Tiocaidean: £55 / £50 (buill RCS)

BURNS NIGHT AT THE RCS

Thursday, 22nd January 2009 at 6:30pm

At the **Royal Commonwealth Society (RCS)**, 25 Northumberland Avenue, WC2 (*Underground: Charing Cross or Embankment*).

Reception in the RCS art-gallery, with new exhibition of Scottish painting (*see above*).

Three-course dinner (including haggis), whisky tasting (sponsored by **Dewar's**) and licensed bar.

Address to the Immortal Memory by the **Rt. Hon. Malcolm Bruce, MP** (*Member of Parliament for Gordon, Chairman of the Committee for International Development and President of the Scottish Liberal Democrats*).

Burns and Gaelic songs from **Alexandra Jones**.

Tickets: £55 / £50 (RCS members)

*NB/ Tickets to be obtained in advance from the **RCS Membership Department** (tel.: 020 7766 9231; e-mail: marketing@rcsint.org)*

NB/ Chan fhuilear na tiocaidean
'fhaotainn roimh làimh aig **Roinn
Ballrachd RCS** (fón: 020 7766
9231; post-d: [marketing@
rcsint.org](mailto:marketing@rcsint.org))

CLASAICHEAN AN IOL-DANNSAIDH GHÀIDHEALAICH

Bho Dhiar-Daoine, 29mh
Faoilteach 2009, 7.15f gu 9.15f

*(Sreath de cheithir clasaichean:
29/01/2009, 19/02/2009,
05/03/2009, 19/03/2009)*

Aig Comunn Rìoghail an Iol-
Dannsaich Albannaich (RSCDS),
Meur Lunnainn, Talla Eaglais
St. Michael and All Angels (talla
uarach), oisinn The Avenue agus
Bath Road, Chiswick, W4 (*Fon-
talamh: Turnham Green*)

Airson tuille fiosrachaidh 'fhaotainn,
cuiribh fios gu **Margaret Shaw** (fón:
020 7329 2847; post-d: [classes@
rscdslondon.org.uk](mailto:classes@rscdslondon.org.uk)).

Inntreas: £6 an clas.

HIGHLAND COUNTRY DANCING CLASSES

From Thursday, 29th January
2009, 7.15pm 'til 9.15pm

*(Series of four classes:
29/01/2009, 19/02/2009,
05/03/2009, 19/03/2009)*

At the **Royal Scottish Country
Dancing Society (RSCDS)**, London
Branch, St. Michael and All Angels
Church (upper hall), corner of The
Avenue and Bath Road, Chiswick, W4
(*Underground: Turnham Green*)

For more information, contact
Margaret Shaw (tel.: 020 7329
2847; e-mail: [classes@
rscdslondon.org.uk](mailto:classes@rscdslondon.org.uk)).

Admission: £6 per class.

Làrach-lìn / Website: www.rscdslondon.org.uk

... AGUS SÙIL AIR ADHART AIR ...

... AND LOOKING AHEAD TO ...

"SUIPEIR DHONNCHÀIDH" AIG CGL 'SA GHEARRAN

Tha 'fhios, tha bàrd no dhà againn
fhéin air a' Ghàidhealtachd (!), agus
bidh sinn a' comharrachadh beatha
fir dhiùbh aig **Comunn Gàidhlig**

"SUPPER FOR D.B.M." AT GSL IN FEBRUARY

Of course, we have a few bards of
our own in the Highlands (!), and will
be celebrating the life of one of them
at the **Gaelic Society of London**

Lunnainn (CGL) Di-Sathairne, 21d Gearran 2009, le suipeir an urram **Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir** - sàr-bhàrd Earra-Ghàidheal. Gheibhear tuille fiosrachaidh anns an ath àireamh de **LUNNAINN NAN GÀIDHEAL**. Tha e a' gealltainn a bhith 'na oidhche glé shònraichte: cuiribh 'nur leabhar-latha an-dràs' e.

(GSL) on Saturday, 21th February 2009, with a supper in honour of **Duncan Ban Mackintyre** (*Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir*) – great bard of Argyll. More information in the next edition of **GAELIC LONDON**. It's promising to be a very special evening: put it in your diary now.

Làrach-lìn / Website: www.comunnlunnainn.co.uk

CÙRSA CÒMHNAIDHEACH DE DH'ÌOL-DANNSADH ALBANNACH AIG THE GAY GORDONS 'SA CHÉITEAN

Fhuair sinn fios bho **The Gay Gordons** - bhuidheann iol-dannsaidh LGBT an Lunnainn - gu'm bheil iad a' cur air chois seachdain de chùrsaichean de dh'ìol-dannsaidh Albannach ann an Talla Laurieston (Ceann Iar-dheas na h-Albann), **16mh-23mh Céitean 2009**.

Gheibhear tuille fiosrachaidh aig: james@thegaygordons.com

RESIDENTIAL SCOTTISH COUNTRY-DANCING COURSE WITH THE GAY GORDONS IN MAY

We've heard from **The Gay Gordons** – London's LGBT country-dancing organisation – that they're organising a week of Scottish country-dancing courses at Laurieston Hall (South-West Scotland), **16th-23rd May 2009**.

More information from: james@thegaygordons.com

Làrach-lìn / Website: www.thegaygordons.org

Agus na 'regulars': na dìochuimhnichibh gu'm bi na tachartasan seo a' ruith fad na bliadhna!

And the 'regulars': don't forget that these events run throughout the year!

CÒISIR LUNNAINN

A' chòisir Ghàidhlig an Lunnainn; coinneamh gach **Di-Màirt** ann an talla Eaglais Cùirt a' Chrùin, Covent

CÒISIR LUNNAINN

The Gaelic choir in London; meets every **Tuesday** in the hall of Crown Court Church, Covent Garden, WC2

Garden, WC2 aig **7.00f** (*Fon-talamh: Covent Garden no Charing Cross*)

at **7.00pm** (*Underground: Covent Garden or Charing Cross*)

A' chiad choinneamh de'n bhliadhna:
Di-Màirt, 13mh Faoilteach 2009

First meeting of the year: **Tuesday, 13th January 2009**

Làrach-lìn / Website: www.coisirlunnainn.org.uk

Post-d / E-mail: coisirlunnainn@fmail.co.uk

CLASAICHEAN GÀIDHLIG

Anns a' CityLit, Sràid Keeley, Holborn WC2 (*Fon-talamh: Holborn*)

Ìre 1: gach **Di-Ciadaoin** aig **6.00f**

Ìre 2: gach **Di-Ciadaoin** aig **7:30f**

GAELIC CLASSES

At the CityLit, Keeley Street, Holborn WC2 (*Underground: Holborn*)

Level 1: every **Wednesday** at **6:00pm**

Level 2: every **Wednesday** at **7:30pm**

Làrach-lìn / Website: www.citylit.ac.uk



A' CHRÌOCH
(mu dheireadh thall!)